

Camanachd 3 Title:

Camanachd, Ceanglan Cultarail agus Saorsa.

Ann an seadh cumhachd "bog", agus gu sònraichte ceanglan cultarail, tha camanachd air a bhith na drochaid agus na meadhan air coluadar eadar daoine le ceanglan ris an t-seann dhùthaich, agus cuideachd Èireann is Alba, a dhaingneachadh. Tha na geamaichean iomain agus camanachd air a bhith gan cumail air bonn-stèidh eadar-nàiseanta, aig diofar ìrean, bho 1924. Tha buidhnean oifigeil leithid sportscotland fhathast ged-tà a' diùltadh inbhe oifigeil eadar-nàiseanta a bhuileachadh air na geamaichean.

Tha e cudromach gun tuigear carson a ghabh dà spòrs bho na h-aon freumhan slighe gu math eadar-dhealaichte tro eachdraidh, agus gu h-àraidh anns an 20mh linn, gan toirt gu far a bheil iad an diugh.

A dh'aindeoin eachdraidh is sloinneadh nan geamaichean air a bheil *camanachd* no *iomain* againn an-diugh (fìor no eile) chan eil an ceangal foirmeil eadar an dà chòd ach mu 125 bliadhna a dh'aois. `S ann nuair a bhathas a' cur gach gèam air bun-stèidh agus fo rianachd is structaran ùa aig deireadh na 19mh linn a thàinig an sgaradh. Thàinig leasachadh air an spòrs an Èireann aig astar nach fhacas an Alba, le ìmpidh ga chur ris tro structaran na h-eaglaise agus

nam paraistean. Mus deach a' chiad Chuairt Dheireannach de Chupa na Camanachd a chluich ann an Alba an 1896, bha deichead de phrìomh fharpaisean air a bhith aca an Èireann, leis a' chiad tè ann an 1887.

Stèidhichear Cumann Lutchleas Gael an Èireann son ualach an spòrs (agus gu leòr eile a bharrachd air) ann an 1884 agus Comann na Camanachd ann an Alba an 1893. Feumar coimhead air mar thachair sin ann an co-theacs gach suidheachadh fa-leth, agus bha na suidheachaidhean sin gu math eadar-dhealaichte. Ged bha sin mar sin, `s ann an lùib cho coltach sa bha an dà spòrs ri chèile a tha an ioma-cheist as mò.

Bha an Ciaradh Ceilteach, no "Celtic Twilight" air laighe air an dà thaobh dhen chuan. An Alba, bha "Turas an Rìgh" ("King's Jaunt") air tachairt an 1822, mu 20 bliadhna ro ghaiseadh a' bhuntata agus imrich mhòr gu taobh-thall an t-saoghail. Agus `s e àm a bha sin far an deach ath-sgrìobhadh no ath-chruthachadh gu leòr a dhèanamh air eachdraidh na h-Alba.

Nuair a bha Seumas Mac a' Phearsain a' lorg "Ossian" ann 1760, cha robh ann ach toiseach-tòiseachaidh air slighe nas duimhne agus nas maireannaiche. Mus do thòisich Sir Walter Scott a' snìomh a chuid fhèin de "dh'eachdraidh" na h-Alba, bha an gnothach

dèanta. Bha fèill air na Gàidheil tron Roinn Eòrpa mar *Kulturvolk*.

Mach gun do ghabh an Colonel Daibhidh Stiùbhart à Garth, Raghall McIain agus Stiùbhartaich Sobieski sìos slighe a chaidh a chnàmh mus tàinig na fìor sgoilearan Ceilteach air adhart aig deireadh na linne - W.F. Skene, Iain Stuart Blackie *et al*, a bha uile an-sàs ann an co-obrachadh is coluadar le Èireann a thug camanachd Alba agus iomain an taobh-thall cho faisg air a' chèile sa bha iad air a bhith bho chionn 2,000 bliadhna.

Chaidh an dà spòrs a chur air bun-stèidh ùr agus an ath-nuathachadh aig fìor àirde an Dùsgaidh Ceiltich, gluasad a sgaoil feadh na

Roinn Eòrpa. Bha iad, air a' cheann thall, a' dol a ghabhail slighe gu math eadar-dhealaichte ged-thà.

Aig aon ìre an Alba, ach gu ìre gu math nas treasa an Èireann, mhisnich an Dùsgadh Ceilteach, agus mhisnichear tuinn de dh'fhaireachdainnean nàiseantach. Cha robh aithne mhòr sam bith aig Èireann Phròstanach air a cuid nàiseantachd; `s ann a bha i an taobh eile, moiteil às a cheangal le Breatann mòr.

Ach ro dheireadh na naoidheamh linn deug bha smuaintean is aithne na h-Èireann fìor gheur. Air an làimh eile, an Alba, bhathas a' taobhadh ris an Aonadh agus b'e sin air a' cheann thall an gnothach as treasa a thug

buaidh. Ged a bha co-ionannachd ann agus ged a bha suidheachaidhean an ire mhath nan sgàthan de chèile a-thaobh mì-thoileachas an lùib an fhearainn, fearg an aghaidh uachdarain, sgoilearachd àrd-ìre Ceilteach agus sàr-spòrs, 's ann air na beàrnan a bha ann a-thaobh ceanglan stèidh foirmeil agus fìor phoileataigs a chaidh bàta leasachaidh eachdraidh agus an saoghal eadar-dhealaichte a bha tighinn air na creagan.

Feumar na thachair ann an camanachd Alba agus Èireann a mheasadh ri na thachair sa ghluasad ris an canar Crìosdaicheachd fèitheach (“muscular Christianity”) – fìorghlaine bodhaige, neart bhall, astar

smuain is gnìomh – (a purity of physique, strength of limb, speed of thought and action) – beachd uachdarachd innleachdail agus bodhaige a thug buaidh gun tomhas air raon farsaing de spòrs a’ tighinn suas gu deireadh na 19mh linn.

Thachair tòrr de na chaidh air adhart anns an dà chamanachd ann an rugbaidh, ball-coise, bocsaich agus lùth-chleasachd. Ach bha ceanglan gu math eadar-dhealaichte aig Alba agus Èireann ris a’ chòrr de Bhreatann a thug buaidh air a’ cheann thall air mar a ròghnaich iad nàiseantachd, agus an ìre an uairsin a thug sin buaidh air gach spòrs fa-leth mar a bha iad ag atharrachadh agus a’ leasachadh mar bhuidhnean.

A bharrachd air ceistean cultarail agus feallsanachd, bha gnothach eile ann a bha bunaiteach agus deatamach. Thachair an t-atharrachadh gu smachd is riaghailtean aig an dearbh àm far an robh geamaichean air imrich bho shuidheachaidhean dùthchail gun a bailtean, bho bhith a' gabhail pàirt gu bhith an suidheachadh amhairc agus bho chur-seachad gu farpais. Tha Kevin Whelan mar eiseimpleir dhen bharail gun do lìon an GAA bho 1884 nàdar de tholl no "vacuum dòrainneach" a chaidh fhàgail leis a' Ghoirt ann am meadhan na linne agus a dh'abhraich gun deach gnothaichean agus tachartasan cultarail a sgrios. Bha an GAA cuideachd mar einnsean cumhachdach an lùib a bhith a'

cur an cèill an nàiseantachd ùr 'Risorgimento' a bha an uair sin a' sgaoileadh air feadh na Roinn Eòrpa. Chruthaich an nàiseantachd cultarail a bha seo an dùthaich mar sheòrsa de choimhearsnachd shàmhlachail an inntinnean dhaoine. Bha fèin-aithne na dùthcha ri shàbhaladh à eabar de dh'eachdraidh, cànan agus dualchas.

B'urrainn dhan fheadhainn a bha ris an nàiseantachd ùr a chruthachadh an uairsin cùisean ath-rabhaigeadh gu gnìomhan poilitigeach agus sin an uairsin clach-oisin cumachd phopilitigeach. 'S dòcha nach eil eisimpleir nas fheàrr ann na an GAA nuair a thig e gu bhith ag ath-chruthachadh traidiseanan. Ma tha sinn a' gabhail ris a sin,

tha neart nas treasa buileach aig an dearbh argamaid a-thaobh na h-Alba, gum bu chòir dhan dearbh rud a bhith air tachairt an Alba air sgàth is na rinneadh le Comann na Camanachd agus iad a' toirt beò a' ghèam an sin. Air a h-uile coltas is taobh, chanamaid gu robh na suidheachaidhean cho coltach is gun fheumadh na h-aon ghluasadan agus teachd-a-mach a bhith ann aig an aon àm. Ach cha b'ann mar sin a bha.

`S e a' phrìomh cheist ma tha, carson nach do thachair e an Alba? Carson nach do ghabh an dà dhùthaich an aon slighe nan caismeachd spòrs agus Comann nam Fìor Ghàidheal a' toinneamh sa cheothaidh aca

fhèin agus strì an fhearainn an impis na Gàidhealtachd a chur bun os cionn?

Feumar coimhead gu dlùth air an dòigh anns a bheil sinn a' faicinn an dà shuidheachadh co-ionann agus air an làimh eile eadar-dhealaichte rè agus thar ùine, àite agus suidheachdaidhean anns an dà dhùthaich. Feumar cuideachd measadh cruaidh agus mionaideachd a dhèanamh air na bha air cùl agus a' misneachadh nam prìomh dhaoine a bha an-sàs.

Ann an Èireann bha an sluagh an ìre mhath briste an dèidh bliadhnaichean de làmhachas làidir agus an Goirt Mòr anns na 1840an. Chaidh an Dr Dùghlas Hyde, a' chiad Cheann-Suidhe a bh'air Èireann chun na

Gàidhealtachd an Alba ann an 1886. Thuir esan:

‘The Famine destroyed everything. Poetry, music and dancing stopped. Sport and pastimes disappeared. And when times improved, those things never returned as they were.”

Seo far a bheil an diofar a tha cho bunaiteach eadar Comann na Camanachd agus an GAA, agus far an lorg sin freumhan an sgaraidh a dh’aineoin gach suidheachadh ionannachd agus sàmhlaidhean dualchais. Cha tàinig Comann na Camanachd riamh air adhart le beachdan cho fìor dhìoghrasach agus cho nàiseantach is follaiseach ri oraidean an Àrd-Easbuig Croke. Agus cha mhò a bha

buidheann-riaghalaidh na camanachd ann
am briathran Padraig O Fainin (mar a bha an
GAA):

*' in its origins and aims the child of
its time, a party to the
reawakening of a national
consciousness a mass movement
whose sweep and surge would like
and intertwine the promotion of
the games with the trend of
national thought and action
through the final design of the
nineteenth century, and to the
present day.'*

Cha bu chòir iongnadh a bhith ann gu robh
an GAA a' taobhadh cho làidir ri beachdan

nàiseantachd agus gu robh iad nan sàmhla air na gluasadan a bha a' dol aig an àm. Cha robh a' chòrr ceann-ùidhe gu bhith aig a' chùis.

Thug am measgachadh de shaoghal na h-Èireann anns an deach an GAA a stèidheachadh, le ceanglan chun na h-Eaglaise, structar nam paraisdean agus deagh thomhas de phoileataigs agus cuilbheart, bonntachadh dhan GAA air nach tigeadh Comann na Camanachd gu siorraidh. Dh'fhairich e air Comann na Camanachd a bhith a-staigh air saoghal mòr poileataigs is cumhachd dìreach a chionn is nach b'urrainn dhaibh, no nach robh iad deònach a dhol an sàs anns an t-sruth luaisgeanach mun cuairt.

Sin ged a bha làn chothrom aca le na bha de dhaoine ceangailte ris a' ghèam an-sàs am poileataigs leithid MacShimidh, Sir Uilleam Sutharlan am Ball-Pàrlamaid, agus Am Morair Strathcona, Seumas Iain Mac a' Phearsain à Bàidneach, a bha na Mhinistir Cogaidh aig aon àm.

Bhon chiad cheum ged-thà, ghreimich an GAA air, agus leasaich iad rùintean agus lèirsinn a' mhòr-shluaigh le feallsanachd a bha na sgàthan air miann dòchais nàiseanta, cultarail agus sòisealta dhaoine. Agus an iomadach dòigh, thug sin an sluagh gu suidheachadh beò nach gabhadh cruthachadh do shluagh na Camanachd no an luchd-riaghlaidh.

Seach gun deach Comann na Camanachd a chruthachadh an dèidh, seach ro na tachartasan bunaiteach a bhoineas don na 1880an agus strì an fhearainn air a' Ghàidhealtachd, bha e do-dhèanta gum biodh an aon teachd a-mach aig an dà bhuidhinn. Bha ceannbhairean saoghal na camanachd buileach-glèidhteachail agus cha robh sannd sam bith aca a dhol an sàs ann an gnothaichean mòra an t-saoghail an lùib an spòrs. Cha robh beachd mòr sam bith aca air ceistean leithid an Fhearainn. Aig a' char as fheàrr, cha robh beachd idir aca. Bha nàiseantachd sam bith a bha nan sealladh, leis an fhìrinn, cumhang, Gàidhealach, agus gu math ainneamh, Ceilteach.

Tha a' bhuidheann a bh' aig na beachdan aig leithid Cusack an dà chuid air nàiseantachd cultarail agus cho cudromach sa bha aithne cultarail na dùthcha follaiseach anns na gnothaichean a thachair dìreach 15 bliadhna an dèidh a' bhàis. Bha gu leòr de Stàit ùr na h-Èireann mar dhìleab bhuaithe agus a' chuid smuain – leithid a' phoileasaidh oifigeil gun fheumaiste Gaeilge a theagasg ann am bunsgoiltean, a' bheachd a bh' aig a' chiad riaghaltas gu robh spòrs na leudachadh air pròiseas an fhoghlaim agus mar mheadhan air a bhith a' neartachadh character dhaoine agus aithne na dùthcha.

Cha b' e turchairt a bh' ann nas mò gur e an GAA a' bhuidheann-spòrs agus cultarail a bu

treasa a bh'anns an dùthaich le dlùth-cheangal ri na riaghladairean ùra ged a bha gu leòr de na buill aca dhen bharail gu robh Aonta 1921 gann de chuid de na bha cuid de na nàiseantaich a' sùileachadh. Ach cha robh na h-amasan sin riamh air a bhith ann an sealladh an fheadhainn a bha aig cridhe chùisean agus a' breithneachadh air atharrachaidhean mun cuairt air saoghal na camanachd. Cha do sguab Camanachd riamh an dùthaich mar a thachair leis an reabhlaid sòisealta a bha Cusack ag ràdh a bh'anns an GAA.

Air an làimh eile, nam biodh barrachd air èirigh còmhla ri Iain Murdoch nuair a dh'ìarr e air Alba "èirigh fo shàil uachdarain Anglo-

Norman agus iad fhèin a dhearbhadh coltach ri na croitearan bochda”¹ no air a bhith a’ gabhail feairt den bhrosnachadh a bha a’ tighinn bho leithid Mhàiri Mhòr nan Oran, Iain G. MacKay agus feadhainn eile anns an Eilean Sgitheanach, bhiodh eachdraidh na camanachd gu math eadar-dhealaichte, agus dh’fhaodadh gu robh a’ Ghàidhealtachd agus a’ Ghàidhlig air a bhith air slighe gu math eadar-dhealaichte a ghabhail cuideachd. Nam biodh an tobar Gàidhealach a bha ann am baile mòr Ghlaschu air a bhith a’ sruthadh an dòigh nas èifeachdaiche agus nam biodh an fheadhainn a bha a’ stiùireadh na Camanachd sa bhaile-mhòr air làmh-an-uachdair fhaighinn air a’ ghèam san

fharsaingeachd, `s dòcha gu robh Camanachd
air an aon seòrsa adhartais a dhèanamh sa
thachair an Èireann.
